

Mo Chruinneag.

Ordachadh Chalein ann am Baile Bharbhais.

Ir er i, n e leo,

Is fhada bhíam mo luaidh, mo chruinneag,

Ir er i, u e leo.

'S truagh nach robh mi far am b' fhearr leam,
Tighinn air faire tigh a ghlinne,

Ghabhainn a steach mu Blilar Farsail,
'S a Phaire 'san robh mi mire.

Ghabhainn a steach thinn na leige,
Laidhe rith' 'g eibheach aig a linne.

Ruiginnsa larach tigh Shenmais,
An t-aite ceilidh aig na gillean.

Ruiginn fhein an druim cruaidh ud,
Far am bheil gruagach an fluilt shoilleir;

Sgaojinn mo dha lainih mu'n cuairt oirr'--
Leamsa tha e cruaidh nach urrainn;

Phogainn i 's cha b' ann le fuarachd,
'S ghabhainn cuairt 's ar guaillean euideachd.

Tha Mi Tinn 's cha'n eil Mi Falainn.

Chaill Calein a chlaisneachd le coire neach eile.

Ori ag, uri ag, o ril o,

Ori ag, uri ag, o ril o i,

Ori ag, uri ag, o ril o,

Is neonach leis a mhór shluagh mi an diugh.

Tha mi tinn 's cha'n 'eil mi fallain,
O'n a thainig mi 'n t-astar s',
Fluair mi buille mu'n a bhalla
Cul mo chinn a rinn mo lapadh.